

Abair Gàidhlig

LITIR-NAIDHEACHD
OIFIS IOMAIRTEAN NA GAIDHLIG

OFFICE OF GAELIC AFFAIRS
NEWSLETTER

AN T-SULTAIN 2007

SEPTEMBER 2007

Abair Gàidhlig!

Tha an Céitean 'na Mhios na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh, agus am bliadhna, 's e am mìos a chur Oifis Iomairtean na Gàidhlig iomairt ùr air bhog ris an canar **Abair Gàidhlig!**

"Thaghadh sinn an tèama seo air sgàth 's gu bheil sinn airson còmhraidh a thòiseachadh air dè tha anns a' Ghàidhlig is carson a tha i cudromach dhan mhòr-roinn" thuirt Lodaidh MacFhionghain, Ceannard Oifis Iomairtean na Gàidhlig.

'S ann ann am Mìos na Gàidhlig a dh' fhoillsich OIG postairean is paimphleidean fiosrachail an cois ris an iomairt seo. Chithear an sluagh-ghairm *Abair Gàidhlig!* air na postairean dathach is tarraingeach, còmhla ri dealbhan de dhaoine sean is òg á coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh.

"Leis na postairean, gheibhear dealbh de có ris a tha cultar nan Gàidheal ann an Albainn Nuaidh coltach an là an-diugh," mhinich MacFhionghain. " 'S e cultar beòthail, èasgaidh a th' againne, agus tha mòran chothroman ann gus a h-uile duine pàirt a ghabhail ann."

Anns a' phaimphleid, gheibhear fios mu eachdraidh, cànan, is cultar nan Gàidheal ann an Albainn Nuaidh, a bharrachd air fios mu Oifis Iomairtean na Gàidhlig fhéin.

Tha na postairean is paimphleidean air a bhith an sgaoileadh do na sgoiltean is leabharlannan 'sa mhòr-roinn, is cuideachd do roinntean eile an riaghaltais agus do bhuidhnean Ghàidhlig air feadh Albainn Nuaidh.

Ma bhios a' bhuidheann choimhearsnachd agaibh-p-fhéin airson postairean no paimphleidean fhaighinn bho Oifis Iomairtean na Gàidhlig, ur toil-fhéin, leigibh fios 'ugainn.

Abair Gàidhlig!

May is Gaelic Month in Nova Scotia and this year, it was the month that the Office of Gaelic Affairs launched a new initiative, called **Abair Gàidhlig!** or in English, Talk About Gaelic!

"We chose this theme because we want to start a conversation in Nova Scotia about what Gaelic is and why it is important to the province," explained Lewis MacKinnon, CEO of the Office of Gaelic Affairs.

Gaelic Month also saw the Office of Gaelic Affairs' introduction of posters and pamphlets to accompany this initiative. The slogan "Abair Gàidhlig!" features prominently on the colourful and eye-catching posters, along with pictures of people of all ages from the Nova Scotian Gaelic community.

"With the posters, you get a picture of what our culture is like today," explained MacKinnon. "It's a living, exciting culture and there are opportunities for everybody to take part in it."

In the pamphlet, you will find information about the history, language, and culture of the Gaels in Nova Scotia, in addition to information about the Office of Gaelic Affairs itself.

The posters and pamphlets have been distributed to schools and libraries in the province, as well as to other governmental departments and to Gaelic groups throughout Nova Scotia.

If your community group is interested in receiving posters or pamphlets from the Office of Gaelic Affairs, please get contact us.

Cuiribh Fàilte air FIOS: Buidheann Ghàidhlig as Ùire ann an Albainn Nuaidh

A bheil fios agaibh dè th' ann am FIOS?

'S e buidheann-stiùiridh a th' innte, air a chur air dòigh 'sa bhliadhna seo, gus taic a thoirt do phrògraman bogaidh stèidhte 'sa choimhearsnachd ann an Albainn Nuaidh.

'S e an t-ainm slàn a th' aig a' bhuidhinn **FIOS: An Comunn airson Ionnsachadh na Gàidhlig aig Baile**. Tha an gearr-ainm FIOS a' seasamh airson **Forthais, Innleachd, Oideachas, Seirbhisean**; a' cur an cèill an rùn iomlan a th' aig a' bhuidhinn.

Leis na modhannan ùra a th' air a bhith an toirt a-steach 'sa mhòr-roinn gus Gàidhlig a theagaisg do dh' inbhich, bha aontachadh ann gu robh feum ann air buidheann gus taic a thoirt dha na cùrsaichean bogaidh a tha a' ruith 'sna coimhearsnachdan agus airson an leasachaidh.

Aon de na ciad dleastanasan a bh' aig FIOS, 's e ainm ùr a chur an aithne dha na cùrsaichean bogaidh a th' air a bhith a' ruith anns a' mhòr-roinne fad còrr is bliadhna a-nist. Bidh mòran ann an coimhearsnachd na Gàidhlig ag aithneachadh Total Immersion Plus mar ainm a' mhodh-theagaisg a bhios air a chleachdadh anns na cùrsaichean bogaidh. Ach bidh **Gàidhlig aig Baile** air aithneachadh mar ainm nan cùrsaichean fhéin ann an Albainn Nuaidh. Tha an t-ainm a' comharrachadh gu bheil na cùrsaichean stèidhte 'sa choimhearsnachd fhéin agus gur e iomairt choimhearsnachd na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh gu sònraichte a th' annta.

Ma bhios sibh airson a bhith an sàs 'sa bhuidhinn-stiùiridh airson nan cùrsaichean **Gàidhlig aig Baile**, cuiribh fios gu **FIOS: gaidhligaigbaile@gmail.com**

An robh fhios agaibh?

'S e Alba Nuadh an aon sgìre san t-saoghal far a bheil Mios na Gàidhlig air a comharrachadh gu h-oifigeil.

Welcome FIOS: Nova Scotia's Newest Gaelic Organization

What is FIOS?

FIOS is a steering group which has been created this year to support community-based immersion programs in Nova Scotia.

The full name of the organization is **FIOS: An Comunn airson Ionnsachadh na Gàidhlig aig Baile**, FIOS: The Society for Community Gaelic Language Instruction Through Immersion. The word **FIOS** means "knowledge" and the individual letters stand for **Forthais, Innleachd, Oideachas, Seirbhisean**: Information, Strategy, Tutorial, Services; drawing together into a whole the different aspects of the organization.

With the new methodologies for teaching Gaelic to adults that have been introduced to the province, it was agreed that there was need of a group that would foster and develop immersion courses ongoing in communities.

One of the first tasks of FIOS was to introduce a new name for the immersion courses that have now been running in the province for over a year. Many people in the Gaelic community will recognize Total Immersion Plus as the name of the teaching methodology employed in the immersion courses. But the courses themselves will become known in Nova Scotia by the name **Gàidhlig aig Baile**, which means Gaelic in the Community. This highlights the fact that these courses are community based, and are in particular an initiative of the Gaelic community in Nova Scotia.

If you would like to be involved in the steering group for **Gàidhlig aig Baile** courses, contact **FIOS: gaidhligaigbaile@gmail.com**

Did you know?

Nova Scotia is the only place in the world with an officially recognized Gaelic Awareness Month.



Buill Bòrd ùr FhIOS: An Comunn airson Ionnsachadh na Gàidhlig aig Baile ann an coinneimh ann an Siudaig. Bho chli gu deas: Clarainds Mac'III'Innein, Seumas Dòmhnallach Tadhg Aggett, Dwayne Mac Eachairn, Peigi NicGill'Iosa, Eòsag Nic an t-Saoir.

Board Members of the newly created FIOS: An Comunn airson Ionnsachadh na Gàidhlig aig Baile organization in a meeting in Judique. From left to right: Clarence MacLennan, Shamus MacDonald, Tim Aggett, Dwayne MacEachern, Peggy Gillis, Joanne MacIntyre.

Prìomh Oifis Iomairtean na Gàidhlig a' fosgladh a dh' aithghearr

Bidh prìomh Oifis Iomairtean na Gàidhlig a' fosgladh anns a' Bhaile Mhòr an ceartuair. Bidh an oifis seo suidhichte air an t-Sràid Àird, àireamh 55. Bidh iar-oifisean eile suidhichte ann am Mabu agus ann an Halafacs.

Bithear a' cur amach a thaobh mion-chunntasan an fhosglaidh.

Main Gaelic Affairs Office Opening Soon

This main Office for Gaelic Affairs will soon open in Antigonish. The office will be located at 55 Main Street. Secondary offices will be located in Mabou and Halifax.

Notice will be sent out pertaining to details for the opening.

An robh fhios agaibh?

Ann an 1900, bha 100 000 luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' fuireach ann an Albainn Nuaidh.

Did you know?

In 1900, there were 100 000 Gaelic speakers living in Nova Scotia.

Comharraidhean Rathaide Dà-chànanach ann an Albainn Nuaidh

Nuair a bhios muinntir na h-Albann Nuaidh is luchd-tadhail a' siubhail air feadh na mòr-roinne as t-samhradh seo, bidh rudeigin ùr a' glacadh an aire: airson a' chiad turas, chithear comharraidhean rathaide oifigeil 'sa Ghàidhlig agus 'sa Bheurla ann an Albainn Nuaidh. 'S e toradh poileasaidh ùr, leasaichte le Oifis Iomairtean na Gàidhlig a th' anns na comharraidhean seo.

Ma bhios coimhearsnachd sam bith 'sna seachd siorramachdan an ear an Albann Nuaidh ag iarraidh comharraidhean crìche Gàidhlig is Beurla a chur an-àird, feumaidh an roinn ionadail gabhail ri reachd. As deoghaidh sin, obrachaidh Oifis Iomairtean na Gàidhlig còmhla ris a' choimhearsnachd gus ainmean-àite Gàidhlig freagarrach a chur air dòigh airson an cleachdadh air na comharraidhean crìche. An uair sin, cuiridh Oifis Iomairtean na Gàidhlig iarrtas do Roinn na Comhdhalach is Obraichean Poblach airson nan comharraidhean a chur an-àird.

Gu ruige seo, tha comharraidhean crìche dà-chànanach ri fhaicinn ann an àitichean mar Eilean na Nollaig, An Caolas Mòr, An Caolas Beag, Sannraidh, is Baghasdail. An-dràsta, tha comharraidhean a' dol suas ann an iomadh choimhearsnachd ann an Siorramachd Antaiginis, agus thathar an dùil ri comharraidhean crìche ann an feadhainn dhe na coimhearsnachdan ann an Siorramachd Pictou agus ann an àitichean a bharrachd ann an Ceap Breatuinn 'sna mìosan ri teachd.

Bilingual Road Signs in Nova Scotia

When Nova Scotians and visitors are travelling throughout the province this summer, something new will catch their eye: for the first time, official road signs in Gaelic and English can be seen in Nova Scotia. These signs are a result of a new policy developed by the Office of Gaelic Affairs.

If any community in the seven eastern counties of Nova Scotia wants Gaelic and English boundary signs, a motion must be passed on the municipal level. The Office of Gaelic Affairs then works with the community to establish the appropriate Gaelic place names to be used on the boundary signs. The Office of Gaelic Affairs then forwards a request to the Department of Transportation and Public Works for the signs to be erected.

Presently, bilingual boundary signs can be found in places such as Christmas Island, Grand Narrows, Little Narrows, Iona and Boisdale. Signs are currently being erected in various communities in Antigonish County, while bilingual boundary signs are expected some communities in Pictou County and in additional parts of Cape Breton in the coming months.



Eisimpleir dhe na comharraidhean-rathaide Beurla – Gàidhlig a tha 'dol suas air taobh an ear tir-mòr na h-Albann Nuaidh agus Eilean Cheap Breatuinn.

Example of the English-Gaelic road signs that are going up in the eastern districts of the Nova Scotian mainland and Cape Breton Island.

Turas a dh' Albainn, Èirinn agus Èirinn a' Chinn a Tuath An t-Sultain 2006

Anns an t-Sultain 'sa chaidh, shiubhail Ministear Iomairtean na Gàidhlig, Aonghas MacIosaig, a dh' Albainn, Èirinn agus Èirinn a' Chinn a Tuath, còmhla ri Loidh MacFhionghain, Ceannard Oifis Iomairtean na Gàidhlig agus Frangach NicEachainn, Ban-Oifigear a' Chultair. 'B e rùn an turais a bhith a' neartachadh cheanglaichean eadar Alba Nuadh is na sgìrean seo, pàirtean eile dhen Ghàidhealtachd eadarnaiseanta.

Trip to Scotland, Ireland and Northern Ireland September 2006

Last September, Minister for Gaelic Affairs Angus MacIosaic travelled to Scotland, Ireland and Northern Ireland, accompanied by Lewis MacKinnon, CEO of the Office of Gaelic Affairs, and Frances MacEachen, Cultural Officer. The goal of the visit was to strengthen links between Nova Scotia and these other areas, which are part of the international Gàidhealtachd.



Ministear Iomairtean na Gàidhlig, Aonghas MacIosaig, Loidh MacFhionghain, Fear-Chomhairleach agus as deghaidh céilidh agus còmhraidhean ris an luchd-obrach, Scoil na Gaeilge, an Léinn Cheiltigh, Bhéaloideas Éireann agus na Teangeolaíochta, An Coláiste Ollscoile, Éireann (Sgoil na Gàidhlig, Litreachais Ceiltich, Beul-oideis agus Teangaireachd)

Minister for Gaelic Initiatives, Angus MacIosaic and Lewis MacKinnon, Advisor after visiting and discussions with Staff at UCD (University College Dublin) School of Irish, Celtic Studies, Irish Folklore & Linguistics.

Dè tha anns a' Ghàidhealtachd?
'S ann anns a' Ghàidhealtachd na h-àitichean far a bheil cultar is cànan nan Gàidheal a' tighinn beò.

What is the Gàidhealtachd?
The Gàidhealtachd refers to the places where a living Gaelic language and culture is found.

Comhairle na Gàidhlig

'S e buidheann neo-phrothaid a th' ann an Comhairle na Gàidhlig, a bhios ag obair gus cànan is cultar nan Gàidheal a ghlèidheadh is a chur air adhart ann an Albainn Nuaidh. 'S e buidheann sgàilean a th' anns a' Chomhairle, a bhios a' riochdachadh dhaoine, buidhnean, agus buidhnean coimhearsnachd taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig.

Tha Comhairle na Gàidhlig air a bhith ag obair air iomadh pròiseact a bhios a' toirt buannachd dhan a' Ghàidhlig ann an Albainn Nuaidh. Tha a' Chomhairle an sàs ann an prògraman bogaidh stèidhte 'sna choimhearsnachdan agus a bharrachd air iomairtean eile mar Eilean nan Òg, program foghlaim eachd airson òigridh, agus Caint mo Mhàthar, iomairt obrach-làraich air a dhealbhadh gus Gàidhlig làitheil, ghnàthasach a chlàradh. Bidh seo ann mar stòras os cionn luach airson luchd-dealbhadh, luchd-teagaisg, agus com-pàirtichean ann am prògraman bogaidh 'sna coimhearsnachdan.

'Na bhunnachd mhór 'sna beagan mhiosan sa chaidh, 's e Seumas Dòmhnallach, a' chiad Oifigear Riaghlaidh làn thide aig a' Chomhairle, stèidhte ann an Sanndraigh.

Lorgar barrachd fhiosrachaidh air làrach-lìn Comhairle na Gàidhlig: www.gaelic.ca

The Gaelic Council of Nova Scotia

The Gaelic Council of Nova Scotia is a non-profit society dedicated to the maintenance and promotion of the Gaelic language and culture in Nova Scotia. The Council is an umbrella organization that represents individuals, organizations and community groups within the Gaelic community.

The Gaelic Council has been working on several projects that will benefit Gaelic in Nova Scotia. The council is actively engaged in community language immersion programming as well as other initiatives, such as Eilean nan Òg, a Gaelic youth apprenticeship program, and Caint mo Mhathar, a fieldwork initiative designed to record idiomatic, everyday Gaelic. This will be an invaluable resource for those designing, teaching and attending community immersion programs.

Of great advantage in the past few months has been the Council's first full-time Administrative Officer, Shamus MacDonald, based in Iona.

More information can be found on the Gaelic Council website: www.gaelic.ca



Oifigear Riaghlaidh Seumas Dòmhnallach a' bruidhinn ri buill Comhairle na Gàidhlig aig a' Choinneimh Choitcheann Bhliadhnail aca, Siudaig, An Cèitean 2007.

Administrative Officer Shamus MacDonald addresses Gaelic Council members at the Council's Annual General Meeting, Judique, May 2007.



Frangag NicEachainn: Ban-Oifigear a' Chultair

Is Frangag NicEachainn Ban-Oifigear a' Chultair aig Oifis Iomairtean na Gàidhlig. Bha i air a bhith ag obair fo Roinn na Turasachd, a' Chultair is an Dualchais, ach ghluais an dreuchd aice gu Oifis Iomairtean na Gàidhlig sa Ghiblean, 2007.

Stéidhte ann am Mabu, bidh a' Bh-Uas NicEachainn a' toirt an aire air Phrògram Gníomhan Gàidhlig, a bhios a' toirt maoineachadh do bhuidhnean Gàidhlig 'sa choimhearsnachd, agus a' gabhail a' chinn air pròiseactan sònraichte a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus am Meòrachan Còrdaidh eadar Comhairle na Gàidhealtachd is Alba Nuadh.

Frances MacEachen: Cultural Officer

Frances MacEachen is the Office of Gaelic Affairs' Cultural Officer. Previously employed by the Department of Tourism, Culture, and Heritage, Ms. MacEachen's position was transferred to the Office of Gaelic Affairs in April, 2007.

Based in Mabou, Ms. MacEachen administers the Gaelic Activities Program which provides funding to Gaelic community groups, as well as looking after particular Gaelic development projects and the Memorandum of Understanding between Highland Council, Scotland, and Nova Scotia.

Caitlin NiRodaigh: Cuidiche Rianachail

'S e cuidiche rianachail Oifis Iomairtean na Gàidhlig a th' ann an Caitlin NiRodaigh, stéidhte ann an Halifax. Bidh i ag obair air pròiseactan mar eadar-theangachadh Gàidhlig airson Iarach-lin OIG, agus a' toirt fiosrachadh do dhaoine mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca.



Kathleen Reddy: Administrative Assistant

Kathleen Reddy is the Office of Gaelic Affairs' Administrative Assistant, based in Halifax. She works on projects such as Gaelic translation for the OGA website, and providing individuals with information about Gaelic language learning opportunities in their communities.



Ceannard Buan air Ainmeachadh

Tha Oifis Iomairtean na Gàidhlig air ceum eile a ghabhail a thaobh leasachadh agus brosnachadh cultar is cànan nan Gàidheal ann an Albainn Nuaidh leis a bhith ag ainmeachadh ceannard buan na h-oifise.

'Na neach-taice na Gàidhlig fad ùine mhóir, bha Lodaidh MacFhionghain air a bhith a' giùlan cùram a' cheannaird. Leanaidh esan air mar ceannard buan, às deoghaidh dhà bhith soirbheachail 'san cho-fharpais airson an t-suidheachaidh.

Tha féin-fhiosrachadh fad iomadh bliadhna mar mhanaidsear gnìomhachais aig Mgr MacFhionghain agus tha e air a bhith 'na neach-taice air sgàth na Gàidhlig.

Tha Aonghas MacÌosaig, Ministear Iomairtean na Gàidhlig, ag ràdh gu bheil am fradharc is an t-eòlas aig Mgr MacFhionghain a tha riatanach gus an obair chudthromach, leasachadh is ath-nuadhachadh na Gàidhlig, a ghabhail os làimh.

Permanent CEO named

The Office of Gaelic Affairs has taken another step in the development and promotion of the Gaelic language and culture in Nova Scotia by naming a permanent chief executive officer.

Longtime Gaelic-language promoter Lewis MacKinnon, who had been acting in the position, will continue as permanent CEO after winning a competition for the job.

Mr. MacKinnon has many years of experience as a business manager and has been a champion of the Gaelic language.

Minister responsible for Gaelic Affairs Angus MacIsaac says Mr. MacKinnon has the perspective and experience required to address the important work of Gaelic renewal and development in Nova Scotia.

A' sireadh fios a bharrachd mun Ghàidhlig sa choimhearsnachd agaibh? Cuiribh fòn gu Oifis Iomairtean na Gàidhlig aig 1-888-U-GAELIC no cuiribh post-d thugainn: gaelicinfo@gov.ns.ca fiosgaidhlig@gov.na.ca

Looking for more information about Gaelic in your community? Call the Office of Gaelic Affairs at 1-888-U-GAELIC or email us: gaelicinfo@gov.ns.ca fiosgaidhlig@gov.na.ca